

Cùrsaichean Goirid – Ìre 10

Na prìomh structaran gràmair -

An guth fulangach:

- 1) **Le gnìomharan riaghailteach** – a) an tràth teachdail (- ear), an tràth caithte (- eadh), an tràth cùmhnantail (- te(adh)/-ist)
 - a) An tràth teachdail – *cuirear, èighear, fàgar, sgaoilear*
 - b) An tràth caithte – *chuireadh, dh'èigheadh, dh'fhàgadh, sgaoileadh*
 - c) An tràth cùmhnantail – *chuirte(adh)/chuirist, dh'èighthe(adh)/dh'èighist, dh'fhàgte(adh)/dh'fhàgaist, sgaoilte(adh)/sgaoilist*
- 2) **Le gnìomharan neo-riaghailteach** m.e. *dèan, thoir, faic, faigh*
 - a) An tràth teachdail – *nithear, bheirear, chithear, gheibhear*
 - b) An tràth caithte – *rinneadh, thugadh, chunnacas, fhuairleadh*
 - c) An tràth cùmhnantail – *dhèante(adh)/dhèanaist, thugte(adh)thugaist / bheirte(adh)/bheirist, chite(adh)/chithist.*
- 3) **Feum** – (teachdail) - *feumar, gum feumar, a dh'fheumar*
(cùmhnantail) - *dh'fheumte/dh'fheumaist, gum feumte/feumaist, a dh'fheumte/dh'fheumaist*
- Faad** – (teachdail) - *faodar, gum faodar, a dh'fhaodar*
(cùmhnantail) - *dh'fhaodte/dh'fhaodaist, gum faodte/faodaist, a dh'fhaodte/dh'fhaodaist*
- 4) **Ainmearan boireann neo-riaghailteach** le buadhairean san tuiséal ainmneach, tabhartach is gineadach.
Ainmearan fireann neo-riaghailteach le buadhairean san tuiséal ainmneach, tabhartach is gineadach.
- 5) Ath-obair air cuspairean a roghnaicheas na h-oileanaich.

Sgrìobhadh:

- Cuspair sgrìobhaidh cruthachail air a thaghadh leis a' chlas iomlan no leis gach oileanach fa leth. Deasbad fharsaing mu thoisich, meadhan agus deireadh na sgeòil, structaran, gràmar, co-chàradh nam facal, gnàthasan-cainnt. Abairtean ùra agus briathrachas san fharsaingeachd ag èirigh a-mach às an deasbaid gan clàradh, mar chuideachadh aig àm sgrìobhaidh. Cothrom air obrachadh le faclairean agus gu h-àraid le co-fhaclair Gàidhlig.
- Sgrìobt a sgrìobhadh eadar gach dithis fa leth, a dh'fhaodadh leantainn air adhart bhon agallamh eadar dithis (gu h-àrd). Bhiodh cuideam an seo a' dol air còmhradh eadar dithis sa chiad àite, le cuspair susbainteach ag amas air a dhèanamh freagarrach airson a chluich air beulaibh a' chlas, ro dheireadh na seachdain.
- Sgrìobt airson dealbh-chluich a sgrìobhadh anns a' chlas le pàirt do gach neach sa chlas.
- Eadar-theangachadh deuchainneach bho Bheurla gu Gàidhlig.

Labhairt foirmeil:

- Artaigilean Gàidhlig sa phàipear-naidheachd - gan leughadh agus gan aithris nam facail fhèin an dèidh ùine cnuasachaidh, agus gan sgrìobhadh nam facail fhèin.
- Ag èisteachd ri prògraman naidheachd / prògraman aithris air cuspairean sònraichte / sgeulachdan goirid / dealbhan-cluiche air an rèidio – agus gan aithris nam facail fhèin. Bhiodh cothrom an seo air puingean cudromach a chlàradh aig àm èisteachd, le cothrom air aithris orra a sgrìobhadh nan stoidhle fhèin.
- Agallamhan eadar dithis – ag ullachadh cuspair de an roghainn fhèin, ag ullachadh cheistean agus a’ clàradh fhreagairtean. Gach agallamh air a libhrigeadh air beulaibh a’ chlas, le cothrom airson tuilleadh cheistean bhon chlas san fharsaingeachd.
- Naidheachdan an latha gan ullachadh leis gach oileanach agus gan aithris don chlas ann an dòigh fhoirmeil mar gum biodh aithris naidheachdan bhon rèido. Deasbad ro-làimh air na dòighean as fheàrr air seo a dhèanamh. Seisean cheistean is fhreagairtean às dèidh làimh a’ brosnachadh leudachaidh air briathrachas.
- Deasbad fhoirmeil air cuspair a tha sna naidheachdan, **no** cuspair politigs/eaconamaidh na h-Alba/na buidhnean Gàidhlig agus an dleastanas/daoine cudromach san dùthaich no ann an eachdraidh.
- Sgeulachd ghoirid air a h-ullachadh agus air a libhrigeadh gun chuideachadh sam bith bho theacs sgrìobhte, ach aig àm ullachaidh. Bhiodhte a’ dùileachadh gum biodh seo air ullachadh a-mach às a’ chlas, a’ dèanamh feum de ghoireasan leabharlainn na Colaiste is eile.
- Anailis air leabhar a dh’fhaodadh leantainn air adhart bho Ìre 9 - no leabhar às ùr a bhiodh na phrìomh chuspair sa chlas fad na seachdainne. Taghadh à leabhraichean le ùghdaran an latha an-diugh m.e. Steall à Iomadh Lò, An Oidhche mus do Sheòl Sinn, is eile.

Labhairt neo-fhoirmeil:

- Agallamhan neo-fhoirmeil le daoine às a’ choimhearsnachd ionadail a bhiodh deònach a thighinn a-steach don chlas agus conaltradh a dhèanamh leis na h-oileanaich m.e. eachdraidh na sgìre, eachdraidh an eilein, gnìomhachasan, cinnidhean an eilein is eile.
- Naidheachdan neo-fhoirmeil bho gach oileanach, a’ brosnachadh cheistean bho na h-oileanaich eile le beachdan bho gach taobh.
- Còmhradh eadar dithis mu chuspair taghte, gach oileanach an uair sin ag aithris bho chuimhne na chuala iad bho an companach.

Bàrdachd:

- a) Deasbad air nithean a tha cudromach ann an sgrìobhadh bàrdachd leithid meadarachd, comh-fhuaimneachd, comhardadh, ruitheam, àireamh lididhean, briathrachas freagarrach – ann an seagh seann bhàrdachd. Obair air seann bhàrdachd leithid Mac Mhaighstir Alasdair, Donnchadh Bàn, Sìleas na Ceapaich, Iain Lom is eile, eachdraidh is poilitigs na dùthcha aig an àm.
- b) A’ tòiseachadh le leughadh bàrdachd an latha an-diugh agus a’ dèanamh coimeas eadar sin agus seann bhàrdachd is bàrdachd an latha an-dè. A’ mìneachadh ’s a’ deasbad air brìgh nam briathran ann an co-cheangal ris a’ chuspair, na h-abairtean a tha air an cleachdadh airson faireachdainn a nochdadh, na gnàthasan-cainnt, na tionndaidhean san t-sreath, mar a tha cead filidheach ag obair.
- c) Cothrom aig na h-oileanaich air am pìosan bàrdachd fhèin a sgrìobhadh – san t-seann nòs no sa nòs ùr, no san dà nòs. Cothrom air an seo a dhèanamh mar obair-dachaigh le leughaidhean is deasbad sa chlas latharna-mhàireach.

Cuspairean eile cànan:

- Sean-fhacail m.e. *Bidh an t-ubhal as fheàrr air a’ mheanglan as àirde*. A’ deasbad air mar a tha na facail a’ co-chàradh ri chèile agus a’ mìneachadh air brìgh na h-abairt, air dòighean no suidheachaidhean sam faodte an cleachdadh agus mar a tha iad a’ leudachadh beairteas a’ chànain.
- Samhlaidhean m.e. *Cho fada na cheann ’s a bha Fionn sna casan!* A’ dearbhadh mar a tha iad a’ cur ri saidhbhreas a’ chànain le bhith a’ mìneachadh dhòighean is shuidheachaidhean san gabhadh iad an cleachdadh.
- Ainmean àiteachan ann an Alba – m.e. *Sròn an t-Sithein; Stùc an Droighinn; Bràigh na h-Aoidhe*. Mìneachadh air brìgh agus beagan deasbaid air sgìre(an) nan ainm, a thuilleadh air cothrom math airson ainmean àiteachan ionnsachadh tro bhith a’ dèanamh deagh chleachdadh air an tuiseal ghinideach ann an suidheachadh àbhaisteach, aig an aon àm!
- Òrain de dhiofar ghnèithean agus eachdraidh nan òran m.e. i), cogadh, seòladh, eachdraidh, gaol ii) òrain obrach leithid luadh, iomradh, bleoghan, snìomh, tàladh, caidrich iii) òrain dannsa, puirt-à-beul.